

Cò rinn siud?

Ar Saoghal
Ìre 5



Ainm:

Litrìch.

| | rinn | sibh | sinne | siud |
|----------------------|------|------|-------|------|
| Sgrìobh | | | | |
| Còmhdaich na facail. | | | | |
| Litrìch | | | | |
| Ceartaich | | | | |
| Sgrìobh | | | | |
| Ceart no ceàrr | | | | |

| | fon | uile | teich | chan |
|----------------------|-----|------|-------|------|
| Sgrìobh | | | | |
| Còmhdaich na facail. | | | | |
| Litrìch | | | | |
| Ceartaich | | | | |
| Sgrìobh | | | | |
| Ceart no ceàrr | | | | |


Cò rinn siud?

Sgil: A' litreachadh fhacal chumanta às an stòraidh


Stiùireadh: Sgrìobh a' chiad fhacal. Còmhdaich e an uair sin agus litrich e. Seall an robh thu ceart. Ceartaich. Sgrìobh am facal a-rithist.

Ainm:

Cuir **cr** aig an toiseach.



Cuir **br** aig an toiseach.




Cò rinn siud?

Sgil: Fuaimneachadh – **cr** agus **br** aig toiseach fhacal.

Stiùireadh: Dèan facail a' ceangal **cr** agus **br** ris an deireadh. Sgrìobh na facail an uair sin. Nad leabhar sgrìobh seantansan a' cleachdadh feadhainn dhe na facail.

Ainm:

Cuir an litir cheart am meadhan gach facal.



t__ll

gr__pa

br__c

g__rradh

m__r

ch__nnaic

s__bh

cr__sta

Sgrìobh seantansan le feadhainn dhe na facail.



1.

2.

3.

4.



Cò rinn siud?

Sgil: Fuaim am meadhan fhacal

Stiùireadh: Tagh an litir cheart airson meadhan gach facal. An uair sin, sgrìobh seantansan.

Ainm:

Freagair na ceistean ann an seantansan.



An robh Seanair anns a' ghàrradh?

An robh Seanair toilichte mun toll?

An robh bucaid aig Ali agus Amina?

Am faca Ali agus Amina broc?

An do rinn am broc toll?

Cò rinn siud?

Sgil: Fiosrachadh agus a' cuimhneachadh air an stòraidh

Stiùireadh: Leugh na seantansan agus sgrìobh na freagairtean ann an seantansan.

Ainm:

Cò tha a' bruidhinn?

De an toll
mòr tha seo?



Tha broc fon
chraoibh.

Thuirte


Cha do rinn
sinne an toll.



Chan e Ali agus Amina
a rinn an toll.

'S e am broc
a rinn e.

Thigibh an seo.
An e sibhse a rinn an
toll seo?



Thigibh a-nuas
a-nis.

Cò rinn siud?

Sgil: A' cuimhneachadh air an stòraidh

Stiùireadh: Maids na h-abairtean ri na caractaran. An uair sin, nad leabhar, sgrìobh cò a thuirte dè ann an seantans m.e. Thuirte Granaidh...

Ainm:

Cò mì?

Tha mi glas.
Tha cluasan fada orm.
Tha earball beag geal orm.
Is mise _____

Tha mi glas le striopan geal air
m' aodann.
Bidh mi a-muigh air feadh na
h-oidhche.
Tha mi a' fuireach ann an toll san
talamh.
Is mise _____

Tha mi ruadh agus bidh
mi sreap chraobhan.
Tha earball fada brèagha orm.
Bidh mi ag ithe chnothan.
Is mise _____

Tha mi ruadh coltach ri cù.
Tha mi seòlta.
Ithidh mi cearcan agus
coineanaich.
Is mise _____

Cò rinn siud?

Sgil: Tòimhseachain

Stiùireadh: Leugh na tòimhseachain agus sgrìobh ainm gach beathach. Dèan fhèin fear no dhà eile.

Ainm:

Dè thachair anns an stòraidh?

Ali




Amina



gràpa

toll

trobhail



beinge

Granaidh

seanair

broc

gàrradh

Cò rinn siud?

Sgil: A' cuimhneachadh air an stòraidh

Stiùireadh: Sgrìobh stòraidh mu Ali agus Amina. Cleachd na facail an seo airson do chuideachadh.

Ainm:

Fiosrachadh mu Bhroc.



Coltas: Glas le striopan geal air aodann.

Tha còig spuirean air gach spòig airson cladhach fhreumhaichean às an talamh agus airson tuill a dhèanamh.

Tha a chasan goirid, làidir.

Tha a ghuailean agus amhaich làidir.

Tha cumadh mar weids air gus gum bi e furasta dha faighinn a-steach do tholl a bhios e a' cladhach.

Fuireach: Ann an toll mu thrì meatairean fon talamh.

Nàdar: Thig e a-mach air an oidhche airson sealg.

Cha bhi e idir a' dèanamh cadal-geamhraidh.

Biadh: Fiaclan mòra mar a tha aig cù. Ithidh e feòil, boiteagan, seilcheagan, coineanaich, radain, luchain, freumhaichean agus bolgan fhlùraichean san talamh.

Teaghlach: Bidh e a' dèanamh nead le duilleagan san toll agus a' breith nan isean an sin. Is ann san Fhaoilleach agus sa Mhàrt a bhios e a' breith nan isean.

Bidh na h-iseananan còig seachdainean mus fosgail an sùilean.

Cha tig iad a-mach às an toll gu deireadh an earraich.

Cò rinn siud?

Sgil: Fiosrachadh fìor

Stiùireadh: Dèanaibh còmhradh mun bhroc a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo.

Ainm:

A' Measadh Fhacal

| Facail cuspair | * + > | Aithnichidh rim faicinn | * + > | Aithnichidh rim faicinn | * + > |
|---------------------------|-------------------------|------------------------------------|-------------------------|------------------------------------|-------------------------|
| Seanair | | choimhead | | chrosta | |
| a' ghràpa | | chunnaic | | brònach | |
| toll | | gu dearbh | | | |
| tuill | | sibhse | | | |
| broc | | sinne | | | |
| chràobh | | thigibh | | | |
| ghàrradh | | an siud | | | |
| trobhail | | às a sin | | | |

| | |
|--|---|
| Aithnichidh san teacs | * |
| Aithnichidh leotha fhèin | + |
| Sgrìobhaidh gun a bhith gam faicinn | > |

Cò rinn siud?